

Òran do Iain Ruadh MacCailein an Triath Aorach

le Niall MacEalair 1694

Gur h-e sgeul an Iarl' Aorach seo,
B' ait leam fhéin fhaotainn,
'S do mhuinntir gu teagadh,
'S gun am mulad 'gan taobhsinn,
Ó ach 'bhith 'g éirigh gu greadhnach mu d' shròn!

B' e siud Iarla na carraige,
Nuair a chaidh e thar fairrge,
A bha gu h-urranta gailbheach,
A dhol an còmhdhail an Fhrangaich,
Ó dh'fhàg e móran d' a champa fo leòn!

Mile fàilte don ghaisgeach,
An uair a dh'fhàilnich an t-each air,
Ghlac an t-àrmann a chasan,
Spiorad Gàidheil gun ghealtachd,
Rinn e móran diubh 'ghlacadh,
Ó 's thug e pùic do luchd as agus chleòc!

Cuim nach dèanamaid ùmhlachd,
'S gun an claidheamh a rùsgadh,
Móran onoir is cùram,
A bhith romhad 's gach dùthaich,
A mhic an rath is àrd cliù air ceann slòigh!

Cuim nach dèanamaid mire,
Airson gun d'fhuair sinn ceann-cinnidh,
Den fhuil is uaisle 's is mire,
A sheasas cruadail gun tioma,
Ó 's chan eil fòtas fo fhilleadh do chleòc!

Mile fuaran, ceud fàilte,
Bu chòir dhut dhuinne thoirt dhàsan,
'S a bhith 'g òl a dheoch slàinte,
Aiseag copain foirm ceàrnaich,
Fuaim fhinnibh nuair thàirnt' iad,
As na togsaidean làna,
'S bhith cur seachad fion Spàinnteach m' ar bòrd!

B' e siud a' chuideachd bha rioghail,
Eadar Dubhairt an fhionam
Agus Tairbeart Chionn Tìre,
A bha gun chadal na h-oidhche,
Ó mun dugadh iad sgrìob d' ar cuid beò!